

Òran do MhacGilleEathain

le Iain Lom

Mur b' e 'n abhainn air fàs oirn,
'S tuil air éirigh sna h-àithean,
Bhithinn latha ro chàch air a' chòmhdhail,
Bhithinn latha 7c.

Is bochd an eiridinn pàisde,
Nuair a bhuail an lot-bàis e,
'Bhith gun cheirein, gun phlàsta, gun fheòirnein,
'Bhith gun cheirein 7c.

Is ann den choinnimh as miosa,
An gàradh-droma air bristeadh,
Mar gum pronnadh sibh slige 'na phòran,
Mar gum pronnadh 7c.

Is ann de dh'fhortan na cùise,
Mas e 'n Torc th' oirbh a' mùiseag,
Gun déid stopadh na mùile 'na phòran,
Gun déid stopadh 7c.

Tha sgrìob fhiar nam peann gearra,
Cumail dìon air MacCailein,
'S e cho briathrach ri parraid 'na chòmhradh,
'S e cho briathrach 7c.

Thug sibh bhuanne le spleadhan,
Gur h-i Ìle ghlas, laghach,
Is Cionn-Tìre le 'maghannan gorma,
Is Cionn-Tìre 7c.

Ghlaic an eire na teanchrach,
Air deagh chinneadh mo sheanmhar,
'S lag an iomairt ged 's ainmeil an seòrs' iad,
'S lag an iomairt 7c.

Dh'fhalbh ur cruadal 's ur gaisge,
Le Eachann Ruadh 's le Sir Lachann,
Iad san uaigh far 'na phaisgeadh fon t-sròl iad,
Iad san uaigh 7c.

'S Lachann Mór a fhuair urram,
Chaidh a bhualadh an Gruinneart,
Cha tugt' uachdranachd Mhuile 's e beò bhuaidh,
Cha tugt' 7c.

Is math mo bharail is m' earbsa,
Mur a roghainn gun dearmad,
Nach bu chladhaire cearbach Fear Bròlais,
Nach bu chladhaire 7c.

An Eaglais Ì Chaluim Chille,
Tha suinn chròdha gun tioma,
Chaisgeadh dòrainn 's gun tilleadh iad tòrachd,
Chaisgeadh dòrainn 7c.

Is mór a b' fheàirde dream fhiata,
Nan each seang-fhada fiadhaich,
Eoghan Abrach Loch Iall agus Lòchaidh,
Eoghan Abrach 7c.